





Peason

agus na tunnagan





'S e uan beag a bh' ann am Peasan.

Bha e a' fuireach còmhla ri cat, each,
trì tunnagan agus sia cearcan.


Bha Peasan làn spòrs.

Aon là chuala e na tunnagan
a' plubadaich san lòn.

Chaidh Peasan a choimhead dè bha
tachairt.



“O, seall na tunnagan,”
thuirt Peasan.



“Tha na tunnagan a’ cluich,”
thuirt an cat.



“Uàc! Uàc! Uàc!”
thuirt na tunnagan.



“Is toil le na tunnagan an lòn,”
thuirt Peasan.



“Tha mise a’ dol dhan lòn,”
thuirt Peasan.



“Chan eil mise idir a’ dol ann,”
thuirt an cat.



Splais! Leum Peasan dhan
lòn.



“Uàc! Uàc! Dè tha siud?”
thuirt na tunnagan.



“Haoi! Cuidich mi!”
thuirt Peasan.

“Cha toil leam idir an lòn.”



“Ha! Ha! Ha!” thuint an cat.



“Sguir! Sguir dhen sin!”
thuirt an cat.